




# An Taigh Connlaich




Air ath-innse le James Riordan • Dealbhan Trevor Dunton

# An Taigh Connlaich



Air ath-innse le James Riordan  
Dealbhan Trevor Dunton  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Uair bha siud chunnaic luch bheag  
poca làn connlaich.

“Sgoinneil! Nì mi taigh connlaich,”  
ars an luch.

Thog i na ballachan.




Chuir i mullach air.



Chuir i doras air.



“Nach eil an taigh connlaich agam  
sgoinneil!” thuirt i.  
Agus chaidh i a-steach.



Thàinig coineanach agus chunnaic e an taigh.

“Is toil leam do thaigh beag,” thuir e.

“Am faod mi tighinn a-steach?”

“Faodaidh,” ars an luch.



An uair sin thàinig cat agus chunnaic e an taigh.

“Is toil leam do thaigh beag,” thuir e.

“Am faod mi tighinn a-steach?”

“Faodaidh,” ars an luch agus an coineanach.



An uair sin thàinig cù beag agus  
chunnaic e an taigh.

“Is toil leam do thaigh beag,” thuirt e.

“Am faod mi tighinn a-steach?”

“Faodaidh,” ars an luch, an coineanach  
agus an cat.



Ach an uair sin thàinig madadh-allaidh mòr.  
“Am faod mi tighinn a-steach?” thuirt e.  
“Chan fhaod! Chan fhaod! Chan fhaod!  
Tha thu ro mhòr,” ars an luch, an coineanach,  
an cat agus an cù.



Bha am madadh-allaidh uabhasach crosta.

“Cha toil leam sibhse agus cha toil leam an taigh agaibh,” thuirt e.

Shèid e agus shèid e.



“Stad! Stad!” dh’èigh an luch, an coineanach,  
an cat agus an cù.

“Tuitidh an taigh,” thuirte iad.

Shèid agus shèid am madadh-allaidh.



Shiab am mullach dheth.

Shiab na ballachan dheth.

Shiab an doras dheth.



“Dè nì sinn a-nis?”

thuirt an coineanach, an cat agus an cù.

Nì sinn taigh le breigichean,” ars an luch.

Agus ’s e sin a rinn iad.